



## Tabhartasan Foghlaim do dh'Oileanaich Teagaisg Gàidhlig 2018-2019

Education Grants for Gaelic Teaching Students  
2018-2019

Fiosrachadh do Luchd-iarrtais

Information for applicants

### Cùl-fhiosrachadh

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. A rèir na h-Achd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh a h-uile 5 bliadhna.

Tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig fàs a thoirt air foghlam Gàidhlig agus leis an sin bidh Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh oidhirpean gus taic chunbhalach a thoirt don obair gus tidsearan is luchd-obrach Gàidhlig a thrusadh, a ghleidheadh, agus a thrèanadh airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

### Tabhartasan Foghlaim 2018-2019

Tha Bòrd na Gàidhlig air a' mhaoin seo a stèidheachadh gus taic a thoirt do dhaoine a tha ag obair a dh'ionnsaigh a bhith toirt dreuchd a-mach mar neach-teagaisg Gàidhlig. Bu chòir iarrtasan airson taic-airgid a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's a ghabhas, agus ro **Dihaoine 14 Sultain 2018**.

### Cò dh'fhaodas cur a-steach?

#### 1. Oileanaich air Cùrsa Ciad-Fhoghlaim Luchd-teagaisg

Gabhaidh sinn ri iarrtasan bho dhaoine a tha dèanamh cùrsa ann an Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg (ITE) an-dràsta a bheir cothrom dhaibh dreuchd a thoirt a-mach mar neach-teagaisg Gàidhlig.

Gabhaidh sinn beachd air iarrtasan bho:

- Oileanaich a tha a' dèanamh PGDE ann am Foghlam Gàidhlig (airson ìre Bun-sgoile agus Àrd-sgoile – an dà chuid Gàidhlig mar chuspair agus cuspairean tron Ghàidhlig)
- Oileanaich a tha a' dèanamh Fo-cheum ann am

### Background

Bòrd na Gàidhlig was established under the powers of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. The Act states that Bòrd na Gàidhlig must produce a National Gaelic Language Plan every 5 years.

Bòrd na Gàidhlig aims to support the growth of Gaelic Education and with this Bòrd na Gàidhlig will strive to continue supporting the recruitment, training and retention of teachers and other Gaelic practitioners for both Gaelic Medium Education (GME) and Gaelic Learner Education (GLE).

### Education Grants 2018-2019

Bòrd na Gàidhlig has set up this fund to support those currently working towards a career in Gaelic teaching. Applications for funding should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible and no later than **Friday 14th September 2018**.

### Who can apply?

#### 1. Initial Teacher Education Students

Applications are welcomed from individuals currently studying on Initial Teacher Education (ITE) courses leading to a career in Gaelic Teaching.

We will consider applications from:

- Students undertaking a PGDE in Gaelic Education (both Primary and Secondary – Gaelic as a subject and subjects through the medium of Gaelic)
- Students undertaking a Gaelic Education Undergraduate Degree, (BA, MA Education or MA

Foghlam Gàidhlig, (BA no MA Foghlam, no MA ann an Gàidhlig le Foghlam).

Gàidhlig with Education).

Faodaidh oileanaich a tha a' dèanamh Fo-cheum iarrtas a chur a-steach don phrògram mhaoineachaidh bhliadhnail seo air **bliadhna sam bith** den Fho-cheum aca. Ge-tà, chan fhaod oileanaich barrachd air **2 thabhartas** fhaighinn uile-gu-lèir fhad 's a tha iad a' dèanamh a' chùrsa Fho-cheum. Tha seo an urra ris ma bhios na maoinean aig Bòrd na Gàidhlig airson a' phrògram mhaoineachaidh seo a ruith gach bliadhna.

Uaireannan, thèid beachdachadh air iarrtasan bho oileanaich a tha airson cùrsaichean cànan Gàidhlig a dhèanamh (me, cùrsaichean goirid no cùrsaichean air astar) mus tèid iad air adhart gu cùrsa ITE. Thathar an dùil gum bi neach sam bith a chuireas a-steach airson taic den t-seòrsa seo air àite a ghleidheadh air cùrsa ITE mu thràth, agus bu chòir dhuibh bruidhinn ris an Oifigear Leasachaidh (Tidsearan) aig Bòrd na Gàidhlig mus cuir sibh iarrtas a-steach airson an t-seòrsa taice seo.

Math dh'fhaodte gun toir iarrtasan airson taic-airgid mu choinneamh cosgaisean cùrsa Gàidhlig buaidh air an t-sùm dheireannaich a bhios ri fhaotainn airson cùrsa ITE.

## 2. Luchd-teagaisg le Teisteanas

Beachdachaidh Bòrd na Gàidhlig air iarrtasan bho luchd-teagaisg a tha airson cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh agus iad am beachd gluasad gu teagasg ann am FtG. Beachdachaidh iad cuideachd air iarrtasan bho luchd-teagaisg ann am Foghlam tron Ghàidhlig a tha airson cùrsa a dhèanamh gus na sgilean aca a leasachadh. Bu chòir do neach-iarrtais sam bith a tha ag iarraidh seo a dhèanamh maoineachadh iarraidh bhon sgoil / Ùghdarras Ionadail aca anns a' chiad dol-a-mach. **Cuideachd feumar bruidhinn ris an Oifigear Leasachaidh (Tidsearan) aig Bòrd na Gàidhlig mus cuirear a-steach airson taic den t-seòrsa seo.**

### Mar a chuireas sibh a-steach airson taic-airgid

Sa chiad dol-a-mach bu chòir do luchd-iarrtais an stiùireadh seo a leughadh gu faiceallach. An uair sin bu chòir do luchd-iarrtais am **Foirm-iarrtais** a lìonadh a-steach agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, còmhla ri pàipearan sam bith a tha iomchaidh (me, litir-aontachaidh bho ionad ITE, dearbhadh air cosgaisean a' chùrsa ma thathar a' cur a-steach airson taic-airgid mu choinneamh chisean cùrsa and litir-dhearbhaidh bho

Undergraduate students can apply to this annual funding programme **during any year** of their undergraduate degree, however, no more than **2 grants** in total will be approved for each student during their undergraduate degree course. This is subject to funds being available to Bòrd na Gàidhlig to run this funding programme each year.

In some cases applications will be considered from students wishing to undertake Gaelic language courses (e.g. short courses or distance learning course) prior to an ITE course. Those who apply for such funding are expected to have already secured a place on an ITE course and any such application should be discussed with the Development Officer (Teachers) at Bòrd na Gàidhlig prior to submission.

Any applications for funding towards Gaelic language courses may affect the final sum available towards an ITE course.

## 2. Qualified Teachers

Bòrd na Gàidhlig may also consider applications from qualified teachers wishing to undertake Gaelic language courses with a view to transferring to GME. They may also consider applications from Gaelic Medium Education teachers wishing to undertake courses in order to develop their skills. Any applicant in this situation must, in the first instance, seek funding from their school / Local Authority. **All applications must also be discussed with the Development Officer (Teachers) at Bòrd na Gàidhlig prior to submission.**

### How to apply

Applicants should first read these guidelines carefully. Applicants should then complete the **Application Form** and submit this to Bòrd na Gàidhlig, along with any relevant supporting documentation, e.g. a letter of acceptance from an ITE Provider, confirmation of course costs if applying for fees, confirmation letter from the Student Awards Agency for Scotland (SAAS)).

Bhuidheann Thabhartasan Oileanach na h-Alba (SAAS)).

Feumaidh luchd-iarrtais innse gu soilleir san iarrtas aca dè an uiread de thaic-airgid 's a tha iad a' sireadh, agus cò air a tha iad a' dol a chosg an airgid sin.

Chan fhaod luchd-iarrtais ach **aon iarrtas** a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson Tabhartas Foghlaim sa bhliadhna ionmhais seo.

#### Dè an ùine a tha an taic-airgid a' còmhdach?

Bheir sinn beachd air iarrtasan airson na bliadhna ionmhais 2018-19. Chan aontaich sinn ri iarrtasan airson taic-airgid ach airson chùrsaichean a tha gan cumail sa bhliadhna acadaimigich 2018-19.

#### Dè an uiread de thaic-airgid as urrainnear a thoirt seachad?

Bheirear beachd air gach iarrtas fa leth.

#### Tabhartasan

Faodaidh luchd-iarrtais cur a-steach airson tabhartas mu choinneamh nan cosgaisean bith-beò aca. Nuair a thig e chun na suim' as motha a dh'fhaodas neach-iarrtais fhaighinn bidh sin a rèir dè an cùrsa a tha iad a' dèanamh agus cò a' bhliadhna air a bheil iad:

Cùrsa	Sùm
PGDE (Làn-ùine)	£1,000
PGDE (Pàirt-ùine)	£500
BA / MA (a' chiad iarrtas)	£500
BA / MA (an darna iarrtas)	£1000

#### Cìsean Cùrsa

Cuideachd, faodaidh luchd-iarrtais cur a-steach airson taic-airgid mu choinneamh cìsean cùrsa suas gu **£1,820**. Sa chiad dol-a-mach, feumaidh luchd-iarrtais taic-airgid a shireadh bho Bhuidheann Thabhartasan Oileanach na h-Alba (SAAS). Faodaidh daoine nach fhaigh taic-airgid bho SAAS iarrtas a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson cuideachadh.

Ma tha buidheann eile a' pàigheadh airson pàirt de na cìsean, faodaidh luchd-iarrtais cur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson a' chòrr de na cìsean (suas gu **£1,820**).

Applicants must provide clear details in their application of how much funding is being applied for, and the purpose of the funding.

Applicants can only submit **one application** to Bòrd na Gàidhlig for an Education Grant in this financial year.

#### What period of time will the funding cover?

We will consider applications for the financial year 2018-2019. Funding can only be approved for courses running during the academic year 2018-2019.

#### How much funding assistance can be provided?

Each application will be considered on an individual basis.

#### Grants

Applicants may apply for a basic grant towards the costs of living. The sum available to an applicant will be dependent on the course being undertaken and the year of study as follows:

Course	Sum
PGDE (Full-time)	£1,000
PGDE (Part-time)	£500
BA / MA (1 <sup>st</sup> application)	£500
BA / MA (2 <sup>nd</sup> application)	£1,000

#### Course Fees

In addition, applicants may also apply for support towards course fees, up to a maximum of **£1,820**. Applicants must in the first instance seek support from the Student Awards Agency for Scotland (SAAS). Those who do not qualify for support from SAAS may then apply to Bòrd na Gàidhlig for assistance.

If fees are being paid in part by another organisation, applicants may apply to Bòrd na Gàidhlig for the remainder of the course fees (up to a maximum of **£1,820**). Any fees

Pàighidh Bòrd na Gàidhlig taic-airgid airson chisean gu dìreach don ionad fhoghlaim.

Bu chòir do luchd-iarrtais innse gu soilleir san fhoirm-iarrtais ma tha iad airson cur a-steach airson taic-airgid mu choinneamh chisean cùrsa a bharrachd air tabhartas, agus bu chòir dhaibh **pàipearan iomchaidh** sam bith (me, dearbhadh air cisean cùrsa) **a chur an cois an iarrtais**.

Fìor chorra uair, faodaidh neach-iarrtais cur a-steach airson sùim nas motha. Ach bu chòir dhaibh bruidhinn ris an Oifigeir Leasachaidh (Tidsearan) aig Bòrd na Gàidhlig, a dh'fheumas cead iarraidh bho Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig mus tèid iarrtas a chur a-steach.

### **Tabhartasan a bharrachd do dhaoine a tha a' gluasad gu dreuchd ann an Teagasg Gàidhlig**

Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' tuigsinn gum bi aig cuid a luchd-iarrtais ris an obair leantainneach aca a leigeil seachad airson cùrsa ITE Gàidhlig a dhèanamh. Mar sin, a bharrachd air an tabhartas àbhaisteach a gheibhear mu bheil fiosrachadh sa chlàr air duilleig 3, thathar cuideachd a' tabhann tabhartas a bharrachd mu choinneamh nan uallaichean ionmhasail a dh'fhaodadh a bhith air daoine a tha san t-suidheachadh sin (me, cosgaisean morgaids, cosgaisean cùraim-chloinne, cosgaisean siubhail msaa).

Feumaidh na leanas a bhith fìor airson luchd-iarrtais a tha am beachd cur a-steach airson tabhartas a bharrachd:

- Tha iad air àite a ghleidheadh air cùrsa ITE Gàidhlig mar a chaidh a mhìneachadh air duilleig 1
- Tha obair leantainneach air a bhith aca airson **co-dhiù bliadhna mus tòisich** an cùrsa teagaisg
- Cha bhi teachd-a-steach nas àirde na £18,000 aca **fhad 's a tha an cùrsa a' dol air adhart**
- Tha iad ag aontachadh obair mar Neach-teagaisg Gàidhlig airson co-dhiù 3 bliadhna às dèidh a chèile
- Cuiridh iad aithisg adhartais gu Bòrd na Gàidhlig ro 30 Ògmhios anns gach bliadhna den chùrsa aca agus airson 3 bliadhna às dèidh dhaibh an cùrsa a chrìochnachadh
- Cead gus fuireach agus a bhith ag obair ann an Alba fad a' chùrsa aca agus airson trì bliadhnaichean às dèidh làimhe.

paid for by Bòrd na Gàidhlig will be paid directly to the institution.

Applicants should state clearly on the application form if they wish to apply for course fees over and above a grant and any **supporting documentation** (e.g. confirmation of course fees) **must be provided** with the application.

In exceptional circumstances, an individual applicant may apply for a greater sum. However, this should be discussed with the Development Officer (Teachers) at Bòrd na Gàidhlig, who will seek approval from the Director of Gaelic Education before submitting the application.

### **Top-up Grants for those changing to a career in Gaelic Teaching**

Bòrd na Gàidhlig is also aware that some applicants will have to give up continuous employment to undertake a Gaelic ITE course. Therefore top-up grant funding over and above the basic grant funding as stated in the table on page 3 is being offered in recognition of financial commitments a person in this situation could have (e.g. mortgage payments, childcare costs, travel costs, etc).

To qualify for the top-up funding an applicant must:

- Have secured a place on a Gaelic-medium ITE course as stated on page 1
- Have been in continuous employment for a **minimum of a year prior** to their course starting
- Have a salaried income of no greater than £18,000 **for the duration of the course**
- Commit to a career in Gaelic Teaching for a minimum of 3 consecutive years
- Submit a progress report to Bòrd na Gàidhlig by 30<sup>th</sup> June of each year of their course and for 3 years following the course
- Have a right to live and work in Scotland for the duration of their course and for three years thereafter

Thèid gach iarrtas a mheasadh a rèir dè an cùrsa a tha an

Applications will be assessed according to the course and

neach-iarrtais a' dèanamh agus cò a' bhliadhna air a bheil iad. Bidh an taic-airgid a dh'fhaodas neach-iarrtais fhaotainn an crochadh air cia mheud bliadhna a bha iad ann an obair leantainneach mus do thòisich an cùrsa. Chithear mìneachadh gu h-ìosal.

'S e £4,000 an t-sùm as motha a gheibh neach-iarrtais mar thabhartas a bharrachd (taic luach £5,000 gu h-iomlan).

year of study of each applicant. The funding available to each applicant will be dependent on the number of years in continuous employment prior to the course starting as stated in the tables below.

The maximum amount of top-up funding an applicant can be in receipt of is £4,000 (total grant funding of £5,000).

<b>PGDE Làn-ùine</b>		
<b>Bliadhnaichean ag obair mus do thòisich an cùrsa</b>	<b>Tabhartas a bharrachd</b>	<b>Sùm iomlan</b>
1-2 bhliadhna	£1,000	£2,000
2-3 bliadhna	£2,000	£3,000
3-4 bliadhna	£3,000	£4,000
4-5 bliadhna no barrachd	£4,000	£5,000

<b>PGDE Full-time</b>		
<b>Years in Employment prior to undertaking course</b>	<b>Top-up Sum</b>	<b>Total Sum Available</b>
1-2 years	£1,000	£2,000
2-3 years	£2,000	£3,000
3-4 Years	£3,000	£4,000
4-5 years or more	£4,000	£5,000

<b>PGDE Pàirt-ùine</b>		
<b>Bliadhnaichean ag obair mus do thòisich an cùrsa</b>	<b>Tabhartas a bharrachd</b>	<b>Sùm iomlan</b>
1-2 bhliadhna	£500	£1,000
2-3 bliadhna	£1,000	£1,500
3-4 bliadhna	£1,500	£2,000
4-5 bliadhna no barrachd	£2,000	£2,500

<b>PGDE Part-time</b>		
<b>Years in Employment prior to undertaking course</b>	<b>Top-up Sum</b>	<b>Total Sum Available</b>
1-2 Years	£500	£1,000
2-3 years	£1,000	£1,500
3-4 Years	£1,500	£2,000
4-5 years or more	£2,000	£2,500

<b>BA, MA Foghlam (a' chiad iarrtas)</b>		
<b>Bliadhnaichean ag obair mus do thòisich an cùrsa</b>	<b>Tabhartas a bharrachd</b>	<b>Sùm iomlan</b>
1-2 bhliadhna	£500	£1,000
2-3 bliadhna	£1,000	£1,500
3-4 bliadhna	£1,500	£2,000
4-5 bliadhna no barrachd	£2,000	£2,500

<b>BA, MA Education (1<sup>st</sup> application)</b>		
<b>Years in Employment prior to undertaking course</b>	<b>Top-up Sum</b>	<b>Total Sum Available</b>
1-2 years	£500	£1,000
2-3 years	£1,000	£1,500
3-4 Years	£1,500	£2,000
4-5 years or more	£2,000	£2,500

<b>BA, MA Foghlam (an dàrna iarrtas)</b>		
<b>Bliadhnaichean ag obair mus do thòisich an cùrsa</b>	<b>Tabhartas a bharrachd</b>	<b>Sùm iomlan</b>
1-2 bhliadhna	£1,000	£2,000
2-3 bliadhna	£2,000	£3,000
3-4 bliadhna	£3,000	£4,000
4-5 bliadhna no barrachd	£4,000	£5,000

<b>BA, MA Education (2<sup>nd</sup> application)</b>		
<b>Years in Employment prior to undertaking course</b>	<b>Top-up Sum</b>	<b>Total Sum Available</b>
1-2 years	£1,000	£2,000
2-3 years	£2,000	£3,000
3-4 Years	£3,000	£4,000
4-5 years or more	£4,000	£5,000

Faodaidh cuideachd an àireamh de dhaoine a tha cur a-steach airson tabhartasan a bharrachd buaidh a thoirt air an t-sùm dheireannaich a thèid a phàigheadh, agus bidh e cuideachd an crochadh air mar a thèid am buidseat

The final sum paid out may also be affected by the number of applicants seeking top-up grant funding and is subject to the funding budget allocation.

maoineachaidh a riarachadh.

An cois iarrtas airson tabhartas a bharrachd feumar fianais a thoirt dhuinn air:

- An ùine agaibh ann an obair mus do thòisich an cùrsa (me, cùmhnant / litir bho luchd-fastaidh)
- Teachd-a-steach a tha sibh an dùil a chosnadh rè ùine a' chùrsa

If applying for top-up funding, evidence must be provided of:

- Time in employment prior to the course starting (e.g. contract / letter from employer)
- Any income likely to be earned for the duration of the course

### Cumhachan Maoineachaidh

Feumaidh **neach sam bith** a gheibh taic-airgid tron sgeama seo aontachadh ris na leanas:

- Gun cuir iad crìoch air a' chùrsa theagaisg Ghàidhlig
- Gun cuir iad aithisg adhartais gu Bòrd na Gàidhlig ro **30 Ògmhios 2019**.
- Gun dèan iad teagasg ann am FtG airson co-dhiù a' bhliadhna dhearbhadh aca

### Conditions of Funding

**Anyone** in receipt of funding under this scheme must adhere to the following conditions:

- Completion of the Gaelic Teacher Education Course
- The submission of a progress report to Bòrd na Gàidhlig by **30<sup>th</sup> of June 2019**.
- To teach in GME for at least the probationary year

Cuideachd, feumaidh neach sam bith a gheibh **tabhartas a bharrachd** aontachadh ris na leanas:

- Co-dhiù 3 bliadhna às dèidh a chèile a chur seachad ann an teagasg Gàidhlig
- Aithisg adhartais a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 30 Ògmhios anns gach bliadhna den chùrsa aca agus airson 3 bliadhna às dèidh dhaibh an cùrsa a chrìochnachadh

Those who are in receipt of **top-up funding** must also agree to:

- Commit to a career in Gaelic Teaching for a minimum of 3 consecutive years
- The submission of a progress report to Bòrd na Gàidhlig by 30<sup>th</sup> June of each year of their course and for 3 years following the course

**Dè thachras mura cuir neach-iarrtais crìoch air a' chùrsa aca no mura toir iad a-mach dreuchd ann am Foghlam Gàidhlig?**

Mas e 's nach cuir neach-iarrtais crìoch air a' chùrsa aca, no ma nì iad co-dhùnadh gun a bhith toirt a-mach dreuchd ann am Foghlam Gàidhlig, feumaidh iad fios a chur gu Bòrd na Gàidhlig **sa bhad**. Feumaidh iad cuideachd taic-airgid sam bith a fhuair iad a thilleadh, agus thèid clàr-ama airson sin a dhèanamh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.

**What happens if an applicant does not complete their course or continue to a career in Gaelic Education?**

Should an applicant not complete their course, or decide not to follow a career in Gaelic Education, Bòrd na Gàidhlig must be informed **immediately**. Any monies received must also be returned and a repayment schedule will be agreed with Bòrd na Gàidhlig.

### Maoineachadh a bharrachd bho thobraichean eile

Ma tha luchd-iarrtais a' cur a-steach airson taic-airgid mu choinneamh chisean cùrsa no tabhartas a bharrachd airson Glusad gu Dreuchd ann an Teagasg Gàidhlig, feumaidh iad fiosrachadh a thoirt seachad mu thaic-airgid

### Additional funding from other sources

If applying for course fees or top-up grant funding for Changing to a Career in Gaelic Teaching, applicants must provide full details of any other funding approvals, or pending funding from other organisations. If applicants are

sam bith eile a fhuair iad, no taic-airgid a tha gu bhith tighinn bho bhuidhnean eile. Ma tha luchd-iarrtais a' faotainn taic-airgid bho bhuidheann sam bith eile, feumaidh iad seo a nochdadh gu soilleir san fhoirm-iarrtais aca agus bheirear beachd air seo.

Mar eisimpleir, ma tha neach-iarrtais a' cur a-steach airson taic-airgid mu choinneamh chisean cùrsa nuair a tha iad air taic fhaighinn bhon SAAS cuideachd (agus sin a' gabhail a-steach nuair a tha iad a' faighinn pàirt de na cìsean aca air am pàigheadh), feumaidh iad sin innse gu soilleir san fhoirm-iarrtais.

### Fiosrachadh a bharrachd

Bu chòir pàipearan iomchaidh a bharrachd a chur gu Bòrd na Gàidhlig còmhla ris an fhoirm-iarrtais. Faodaidh luchd-iarrtais fiosrachadh iomchaidh sam bith eile a chur thugainn an cois an fhoirm-iarrtais aca.

Tha làn-chead aig Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh iarraidh a thaobh an iarrtais.

### An Ceann-latha airson iarrtasan

Bu chòir iarrtasan airson taic-airgid a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's a ghabhas, agus ro **Dhihaoine 14 Sultain 2018**. Bu chòir do luchd-iarrtais fios a chur chun an Oifigeir Leasachaidh (Tidsearan) aig Bòrd na Gàidhlig cho luath 's a ghabhas ma bhios ceist aca mu iarrtasan.

### Dè thachras nuair a gheibh Bòrd na Gàidhlig iarrtas?

Thèid freagairt a chur chun an neach-iarrtais a' dearbhadh gun d' fhuaras an t-iarrtas aca. Gheibh an neach-iarrtais fios mun cho-dhùnadh a thaobh an iarrtais aca cho luath 's as urrainn às dèidh ceann-latha an sgeama.

Ma thèid gabhail ri iarrtas, thèid litir a chur chun an neach-iarrtais, ag innse dè an uiread de thaic-airgid a fhuair iad agus dè na cùmhnantan is cumhachan a tha an lùib an taic-airgid. Bidh aig luchd-iarrtais a shoirbhich an uair sin ri dearbhadh gu bheil iad a' gabhail ris an tairgse, mus tèid an t-airgead a phàigheadh.

Ma tha neach-iarrtais a' faighinn taic-airgid mu choinneamh chisean cùrsa, pàighidh Bòrd na Gàidhlig gu dìreach an t-airgead sin don ionad fhoghlaim iomchaidh. Ma tha an tabhartas airson cosgaisean bith-beò, thèid a

receiving support from any other organisations this must be clearly stated on the application form and will be taken into consideration.

For example, if applicants are applying for support with course fees and are receiving support (including part-payment of fees) from SAAS, then this must also be stated clearly on the application form.

### Additional information

Relevant supporting documents should be submitted to Bòrd na Gàidhlig with the application form. All applicants are also welcome to submit any additional relevant information supporting their application.

Bòrd na Gàidhlig reserves the right to ask for further information regarding the application.

### Closing date for applications

Applications for funding should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible and no later than **Friday 14<sup>th</sup> September 2018**. Applicants should contact the Development Officer (Teachers) at Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if they have any queries on the application process.

### What happens after an application is submitted?

An acknowledgement will be sent to applicants to confirm their application has been received. Applicants will be informed of the decision on their application as soon as possible after the closing date.

If an application is approved, a letter will be issued to the applicant setting out the level of funding offered and the terms and conditions under which the funding will be paid. Successful applicants will then be required to confirm their acceptance of the offer before the money is paid.

If an applicant is receiving support with course fees, this will be paid by Bòrd na Gàidhlig directly to the education institution which they are attending. If awarded a grant towards living costs, this will be paid directly to the

phàigheadh don neach-iarrtais.

### **Dè am fiosrachadh a dh'fheumar a chur gu Bòrd na Gàidhlig rè na h-ùine taice?**

Feumar aithisg a chur gu Bòrd na Gàidhlig aig deireadh a' chùrsa. San aithisg, bu chòir mìneachadh a bhith ann air na buannachdan a fhuair an neach-iarrtais bhon chùrsa, agus fios air càit a bheil iad an dùil a bhith teagasg.

Cuideachd, faodaidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig fios a chur gu luchd-iarrtais nuair a tha iad a' dèanamh a' chùrsa aca, feuch am faigh iad fios gu neo-fhoirmeil air mar a tha a' dol dhaibh.

### **Am bi cothroman eile ann cur a-steach airson na maoin seo?**

'S e seo an aon chothrom a bhios ann cur a-steach airson taic-airgid sa bhliadhna ionmhais seo, 2018-19. Dh'fhaodadh gum bi cothroman eile ann an ath-bhliadhna agus thèid tuilleadh fiosrachaidh fhoillseachadh air làraichean-lìn Bhòrd na Gàidhlig.

### **Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?**

Thèid am fiosrachadh a bheir sibh seachad san fhoirm-iarrtais agaibh a chleachdadh gus tabhartas a thoirt dhuibh, nuair a thèid aontachadh gum bu chòir dhuibh tabhartas fhaighinn. Ma shoirbhicheas leibh, bidh agaibh ri aonta a chur ri cùmhnant le Bòrd na Gàidhlig agus thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh gus an cùmhnant sin a thoirt gu buil. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu mar a thèid ur fiosrachadh a chleachdadh san Fhiosrachadh mu Phrìobhaideachd a gheibhear an seo [http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd\\_Privacy-Info.pdf](http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd_Privacy-Info.pdf).

Bu mhath leinn fiosrachadh a chur thugaibh mu thachartasan, sgeamaichean agus pròiseactan a dh'fhaodadh a bhith feumail dhuibh leis an ionnsachadh is 's an dreuchd agaibh. Cuimhnichibh gum feum sinn ur cead gus a leithid a dh'fhiosrachadh a chur thugaibh. Nam bu toigh leibh fiosrachadh margaidheachd fhaighinn, cuiribh strìochag sa bhogsa iomchaidh san fhoirm-iarrtais. Chan eil am fiosrachadh seo air a chleachdadh gus co-dhùnadh a dhèanamh air tabhartasan agus faodaidh sibh an cead agaibh a tharraing air ais uair sam bith. Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh cho buntainneach 's a tha am fiosrachadh dhuibh, cuiribh fios gu [joanne@gaidhlig.scot](mailto:joanne@gaidhlig.scot).

applicant.

### **What information will Bòrd na Gàidhlig require during the funding period?**

Bòrd na Gàidhlig will require an end of course report. The benefit of the course, as well as future teaching plans, should be detailed in the report.

Bòrd na Gàidhlig members of staff may also contact applicants during their course, for informal progress updates.

### **Will there be further opportunities to apply to this fund?**

This is the only opportunity to apply for funding during this financial year, 2018-19. Further opportunities to apply for funding may be available next year and more information will be published on Bòrd na Gàidhlig's websites.

### **How will my information be used?**

The information that you provide on your application form will be used for the purposes of awarding grant funding, where it is decided you are eligible. Should you be successful, this process will require you to enter into a contract with Bòrd na Gàidhlig and your personal information will be processed for the purpose of managing this contract. Further information about how your information will be processed is provided in the funding privacy notice, available from [http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd\\_Privacy-Info.pdf](http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd_Privacy-Info.pdf).

We would like to send you information promoting events, schemes and projects that may help with your studies and career development. Please note that we require consent to send this information to you. If you would like to receive promotional information, please tick the relevant box on the application form. This information does not form part of the funding decision and you may withdraw your consent at any time. If you have any queries about whether this information would be relevant to you, please contact [joanne@gaidhlig.scot](mailto:joanne@gaidhlig.scot).



## Tuilleadh Fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho:

Bòrd na Gàidhlig  
Taigh a' Ghlinne Mhòir  
Rathad na Leacainn  
Inbhir Nis  
IV3 8NW  
01463 225 454

No An t-Oifigear Leasachaidh (Tidsearan)  
01397 703554  
[joanne@gaidhlig.scot](mailto:joanne@gaidhlig.scot)  
[www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot) / [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com)

## Further Information

Further information is available from:

Bòrd na Gàidhlig  
Great Glen House  
Leachkin Road  
Inverness  
IV3 8NW  
01463 225 454

Or Development Officer (Teachers)  
01397 703554  
[joanne@gaidhlig.scot](mailto:joanne@gaidhlig.scot)  
[www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot) / [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com)